



## Maoin nam Beachd-smaoin

### Prìomh fhiosrachadh

Tha sinn airson coimhearsnachdan a cheangal ri proifeiseantaich rannsachaidh gus an urrainn dhaibh obrachadh còmhla gus na beachdan aca a thoirt gu buil.

### Mur deidhinn

Tha Maoin nam Beachd-smaoin na phrògram thabhartasan air a ruith le Comann Saidheans Bhreatainn agus air a mhaoineachadh le Wellcome, a bheir cothrom do phoball na RA beachdan-smaoin a chruthachadh agus fheuchainn a tha a' cur aghaidh air duilgheadasan co-cheangailte ri sunnd inntinneil.

Tha sinn a' tabhann thabhartasan tràth-ìre de suas ri £25,000 agus tabhartasan nas motha de mu £90,000 ann an Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba, Hull, Iar-thuath Èirinn a Tuath, agus Oldham.

Tha sinn airson iomadachd agus in-ghabhaltas a bhrosnachadh le bhith a' toirt taic do bheachdan-smaoin mòra, ùr-ghnàthach a tha ag amas air sunnd inntinn a leasachadh - gu sònraichte ann an coimhearsnachdan dùthchail no mion-chinnidhean no am measg dhaoine a tha òg, air an iomall no fo ana-cothrom eaconamach air nach deach aire a thoirt san àm a dh'fhalbh.

Cuidichidh sinn coimhearsnachdan gus dèiligeadh ris na duilgheadasan a tha cudromach dhaibh le bhith gan ceangal le proifeiseantaich rannsachaidh gus an urrainn dhaibh obrachadh còmhla gus na beachdan-smaoin aca a thoirt gu buil agus an dà chuid sgilean agus dàimhean ùra a thogail.

### Maoineachadh dhan Bheachd-smaoin agad

Tha dà ìre de mhaoineachadh ri fhaighinn, a rèir dè an ìre aig a bheil do bheachd-smaoin.

Thèid tabhartasan de suas ri £25,000 a thoirt seachad gus taic a chumail ri beachdan-smaoin a tha aig ìre fìor thràth. Thèid tabhartasan nas motha de timcheall air £90,000 a thoirt seachad gus taic, atharrachadh agus leudachadh a dhèanamh air beachdan-smaoin a chaidh a leasachadh agus air an deach deuchainnean a dhèanamh mar-thà.

### Dè th' ann am beachd-smaoin aig ìre thràth?

Tha na pròiseactan sin beag ann an sgèile, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt air adhart beachd-smaoin no coincheap, a' dèanamh deuchainn air airson a' chiad uair, no a' dèanamh deuchainn air le buidheann ùr de dhaoine no ann an àite ùr. Is e eadar sia is naoi mìosan an ùine a tha buailteach a bhith aig pròiseact airson beachd-smaoin aig ìre thràth.



## Dè th' ann am beachd-smaoin leasaichte?

Bidh na pròiseactan seo air a dhol tro dheuchainnean mar-thà air sgèile bheag agus bidh iad deiseil airson tuilleadh dheuchainnean no leudachadh thar diofar shluaighean stèidhichte air na chaidh ionnsachadh bho phàrlantan roimhe. Is e eadar 12 -18 mìosan an ùine a tha buailteach a bhith aig pròiseact airson beachd-smaoin leasaichte.

Bidh a' Mhaoin fosgailte bhon Fhaoilleach 2021 chun na Dàmhair 2023 agus tha e fosgailte do choimhearsnachdan a tha stèidhichte ann an ceithir sgìrean den RA. Is iad sin:

**Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba** - coimhearsnachdan agus gnìomhan stèidhichte anns na sgìrean comhairle aig Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Mhoireibh, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Arcaibh, Comhairle Shealtainn, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus cuideachd ann an Eileanan Arainn is Chumaraidh

## Cathair-bhaile Hull

Iar-thuath Èirinn a Tuath - gu sònraichte sgìre Chomhairle Chathair Dhoire is Cheantar an t-Sratha Báin (Chomhairle Chathair Dhoire is Chomhairle Siorrachd an t-Sratha Bhàin)

## Borgh Prìomh-bhailteach Oldham (The Metropolitan Borough of Oldham)

Ma tha fìor dheagh bheachd-smaoin agad a tha thu a' smaoineachadh a chuireadh aghaidh ri dùbhlann sònraichte sa choimhearsnachd agad a tha co-cheangailte ri sunnd inntinneil, tha sinn airson cluinntinn bhut.

Bidh am foirm tagraidh air-loidhne bho mheadhan a' Ghiblein agus 's e meadhan-latha air 14 Cèitean 2021 an ceann-latha airson tagraidhean. Anns an eadar-ama, is urrainn dhut bruidhinn ris a' Cho-òrdanaiche Leasachaidh ionadail agad agus clàradh airson tè de na bùithtean-obrach againn gus barrachd a chluinntinn mun Mhaoin agus gus ceistean a chur.

## Cò as urrainn tagradh a dhèanamh

Tha sinn airson dàimhean a thogail eadar coimhearsnachdan agus luchd-rannsachaidh agus tha ùidh shònraichte againn ann am molaidhean bho thaobh a-staigh na coimhearsnachd - gu sònraichte bho choimhearsnachdan dùthchail no mion-chinnidhean no bho dhaoine a tha òg, air an iomall no fo ana-cothrom sòisio-eaconamach.

Ma tha thu ag obair taobh a-staigh buidheann (m.e. iomairt shòisealta, carthannas, buidheann ealain, no Oilthigh) faodaidh tu tagradh a dhèanamh cuideachd, ach feumaidh tu sealltainn gu bheil dàimh agad leis a' choimhearsnachd leis a bheil thu airson a bhith ag obair mar-thà. Bidh agad ri dhearbhadh cuideachd gu bheil am beachd-smaoin agad ag amas air ceist a tha a' choimhearsnachd fhèin ag iarraidh aghaidh a chur ris.



Tha sinn airson pròiseactan a mhaoineachadh a leasaicheas sgilean taobh a-staigh coimhearsnachd gus a dhol an sàs ann an rannsachadh sunnd inntinneil agus a chuidicheas luchd-rannsachaidh le bhith a' leasachadh an cuid sgilean ann a bhith a' conaltradh le coimhearsnachdan mun raon rannsachaidh aca.

### A bheil mi ion-roghnach?

Dèan an ceisteachan ion-roghnachd luath againn gus faicinn a bheil Maoin nam Beachdan-smaoin freagarrach dhut agus dhan bheachd-smaoin agad... (Thoir fa-near gu bheil seo ag obair as fheàrr air coimpiutair-deasg)

### Am pròiseas tagraidh

Tha am pròiseas tagraidh sìmplidh agus cuideachail - chan eil foirmean iom-fhillte ann rin lìonadh agus cuidichidh na Co-òrdanaichean Leasachaidh thu gus obrachadh a-mach dè a chosgas do bheachd-smaoin, cuiridh iad thu an co-luadair le luchd-rannsachaidh proifeasanta no coimhearsnachdan eile agus cumaidh iad taic riut tron phròiseas.

### Bùithtean-obrach ro-thagraidh

Bidh sinn a' cumail bhùithtean-obrach ro-thagraidh stèidhichte air cuspairean le ùine às dèidh làimh gus ceistean a chur air sgioba Maoin nam Beachdan-smaoin gus ceistean fhaighneachd. Is e cothrom a tha seo barrachd a chluinntinn mu thaobhan den Mhaoin, agus cha leig thu leas beachd-smaoin a bhith agad mar-thà no ceangal a bhith agad ri neach-rannsachaidh gus pàirt a ghabhail ann. Thèid na h-òraidean uile a chlàradh gus an urrainn dhut coimhead orra às dèidh làimh agus bidh caipseanan beò agus eadar-mhìneachadh BSL ann.

18 Gearran 2021 aig 14:00 - Maoin nam Beachd-smaoin - Carson?

4 Màrt 2021 aig 14:00 - Dè tha sunnd inntinneil a' ciallachadh dhut?

18 Màrt 2021 aig 14:00 - Dè an coltas a bhiodh air a' chom-pàirteachas a bu thoil leat a bhith agad? A' togail chom-pàirteachasan eadar coimhearsnachd is neach-rannsachaidh

Bidh sinn cuideachd a' cumail sheiseanan ionadail anns gach sgìre eadar na bùthan-obrach seo, gus am faigh thu eòlas air a' Cho-òrdanaiche Leasachaidh ionadail agad agus gun an urrainn dhut tòiseachadh air smaoineachadh mun bheachd-smaoin agad. Is iad seo:

A' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan - 25 Gearran 2021, 14:00



## Clàraich airson nam bùithtean obrach againn

Bidh an t-sreath bùithtean-obrach againn a' tòiseachadh sa Ghearran, is mar sin, clàraich gus barrachd a chluinntinn mun Mhaoin agus gus bruidhinn ris an sgioba.

Co-òrdanaichean Leasachaidh

Tha Co-òrdanaichean Leasachaidh againn anns gach tè de na sgìrean targaid againn, agus tha iad fìor eòlach air an sgìre ionadail agus air na tha sinn ag iarraidh. 'S e an obair aca taic a chumail ri daoine tron phròiseas tagraidh air fad, agus às dèidh sin ma bhios tu soirbheachail. Mus dèan thu tagradh, bu chòir dhut fios a chur chun a' Cho-òrdanaiche Leasachaidh san sgìre agaibh. Is urrainn dhaibh barrachd innse dhut mu Mhaoin nam Beachd-smaoin, agus is urrainn dhaibh comhairle is taic a thoirt seachad a thaobh an tagraidh agad, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh ceangal eadar coimhearsnachdan agus luchd-rannsachaidh. Gheibhear fios conaltradh mun sgìre agad gu h-ìosal.

## Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba

'S e Lewis aig Science Cèilidh an Co-òrdanaichean Leasachaidh againn airson Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba. Bidh e cuideachd a' co-obrachadh le com-pàirtichean ionadail air feadh na sgìre a' gabhail a-steach Roinn Slàinte is Sunnd Dhùthchail aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan gus taic a thoirt do thagraichean. Faodaidh tu fios a chur thuige air:

Lewis Hou

Lewis@scienceceilidh.com

07813743662

[www.scienceceilidh.com/ideasfund](http://www.scienceceilidh.com/ideasfund)

Faodaidh tu fios a chur gu [hello@theideasfund.org](mailto:hello@theideasfund.org) cuideachd

## Tagradh air-loidhne

Nuair a bhios tu deiseil gus tagradh a dhèanamh, tha foirm air-loidhne ri lìonadh. Faodaidh tu bruidhinn ris a' Cho-òrdanaiche Leasachaidh Ionadail ma tha taic a bharrachd a dhìth ort le seo. Dh'fhaodte gun cuir sinn fios thugad gus bruidhinn ruibh gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh uile againn a tha dhìth oirnn gus do bheachd-smaoin a mheasadh.

Bidh am foirm tagraidh ri fhaighinn bho mheadhan a' Ghiblein agus 's e meadhan-latha air 14 Cèitean 2021 an ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean.



## Pannal agus Planaichean

Thèid tagraidhean a mheasadh le pannal de bhuill coimhearsnachd agus de luchd-rannsachaidh bho na ceithir sgìrean, le taic bho Sgioba Maoin nam Beachd-smaoin. Feuchaidh am pannal ri maoineachadh a thoirt do chruinneachadh de phròiseactan a tha uile diofraichte ann an dòigh air choireigin gus cur ris a' chomas ionnsachaidh.

Ma tha thu ag iarraidh tabhartas airson beachd nas leasaichte, le ìre maoineachaidh nas àirde, cuiridh sinn fios thugad gus plana iarraidh airson libhrigeadh do phròiseact ma cho-dhùineas am pannal an tagradh agad a thoirt air adhart.

Tha sinn an dùil ainmeachadh dè na pròiseactan a bha soirbheachail ro dheireadh an luchair 2021.

## Ceistean Cumanta

Dè tha sunnd inntinneil a' ciallachadh?

Bidh eòlaichean a' mìneachadh sunnd inntinneil ann an diofar dhòighean ach tha sinne ga thuigsinn san dòigh seo:

"Tha thu a' gabhail sùim annad fhèin agus a' coimhead às do dhèidh fhèin. Bidh thu a' coimhead às dèidh do shlàinte chorpóra is fhaireachail - le bhith ag ithe gu math, a' cadal gu math, a' dèanamh eacarsaich, a' ceangal ri daoine eile agus a' faighinn tlachd às do bheatha. Is urrainn dhut dèiligeadh ri cuideaman beatha agus is urrainn dhut obrachadh gu tarbhach - ge b' e a bheil sin ann an obair, ann am foghlam no tro obair is cur-seachadan."

## Carson a tha sibh dìreach air ceithir àiteachan a thaghadh?

Tha Maoin nam Beachd-smaoin dealasach a thaobh a bhith a' ceangal choimhearsnachdan ri luchd-rannsachaidh a bharrachd air a bhith ag cur ri iomadachd nan guthan taobh a-staigh rannsachadh slàinte. Nuair a chaidh a' Mhaoin a chruthachadh, thàinig e am follais gur e dòigh-obrach chuimsichte stèidhichte air àite an dòigh as èifeachdaiche gus an t-amas seo a choileanadh. Tha sinn a' cur fòcas air dìreach ceithir sgìrean gus an urrainn dhuinn deuchainn a dhèanamh air, agus ionnsachadh mun dòigh-obrach ùr againn a thaobh maoineachaidh.

## Dè cho fada a bu chòir pròiseactan mairsinn?

Chan eil ùine as motha no as lugha a dh'fheumas am pròiseact a ruith. Ach, a crochadh air a' mholadh, tha sinn an dùil gum bi beachdan-smaoin aig ìre thràth a' ruith airson mu 6-9 mìosan agus gum mair beachdan-smaoin leasaichte 12-18 mìosan.

## Dè as urrainn dhomh an tagradh a chosg air?

Thathar an dùil gum pàigh an tabhartas airson nan rudan a leanas:

- Tuarastalan airson daoine a tha riatanach dhan mholadh leithid stiùiriche pròiseict, luchd-rannsachaidh, luchd-ealain no luchd-comhairleachaidh
- Cosgaisean nan daoine a tha a' gabhail pàirt, ma bhios cosgaisean ann
- Stuthan agus nithean so-chaitheamh
- Uidheamachd a tha riatanach dhan phròiseact
- Cosgaisean dèanamh, a' gabhail a-steach margaidheachd
- Cosgaisean siubhail is bith-beò buntainneach dhan mholadh
- Màl-seòmar
- Biadh/deoch
- Cosgaisean so-ruigsinneachd (m.e. eadar-theangachadh BSL, cùram-chloinne)
- A' measadh is a' sgaoileadh na h-obrach
- Cosgaisean rianachd - chan fhaodar ach 20% de do thabhartas a chosg air seo aig a' char as motha

## A bheil rud sam bith air nach urrainn dhomh an tagradh a chosg?

Chan urrainn dhuibh an tagradh a chosg air rudan leithid:

- Cosgaisean a thogadh mus do thòisich an gnìomh a tha thu a' moladh
- Gnìomhan/com-pàirteachasan taobh a-muigh na RA
- Gnìomhan a tha a' tachairt gu h-ìre mhòr, no gu tùr, taobh a-staigh sgoiltean no suidheachaidhean foghlaim foirmeil eile
- Maoineachadh èiginn, bàrr-lìonaidh no cumail suas
- Lìbhrigeadh leantainneach de ghnìomhachdan a tha ann mar-thà (bu chòir maoineachadh a chleachdadh ann an dòigh structaraichte gus beachdan-smaoin a dhearbhadh, duilgheadasan fhuasgladh, com-pàirteachasan a chruthachadh agus msaa.)
- Iasadan, tasgaidhean no cosgaisean calpa
- Lìbhrigeadh sheirbheisean loidhne-toisich, leithid seirbheisean cùram-slàinte no eadar-theachdan (a' gabhail a-steach tearapaidh-ealain)
- Dè th' ann an rannsachadh?
- Is e rannsachadh sgrùdadh no rùrachadh faiceallach, mionaideach agus làidir air beachd-smaoin no duilgheadas gus eòlas no dòighean ùra air rudan a dhèanamh a chruthachadh.

## Dè th' ann am proifeiseantach rannsachaidh?

Dh'fhaodadh proifeiseantach rannsachaidh a bhith na neach a tha ag obair ann an oilthigh, aig an NHS no airson carthannas slàinte no iomairt shòisealta, no dh'fhaodadh iad a bhith nan eòlaichean neo-eisimeileach. Bidh eachdraidh aca de bhith a' dèanamh is a' foillseachadh rannsachadh.



### Tha mi nam stiùiriche coimhearsnachd agus tha mi airson iarrtas a dhèanamh – ach chan eil mi eòlach air proifeiseantach rannsachaidh sam bith...

Tha sinn gu mòr airson dàimhean a thogail agus a leasachadh eadar coimhearsnachdan agus luchd-rannsachaidh. Mar phàirt den phròiseas tasgaidh againn airson maoinachadh, is urrainn do na Co-òrdanaichean Leasachaidh do chur an aithne do luchd-rannsachaidh leis an urrainn dhut co-obrachadh.

### Chan eil proifeiseantach rannsachaidh leis na sgilean/eòlas ceart anns an sgìre againn. An urrainn dhuinn obrachadh le cuideigin à rud beag nas fhaide air falbh?

Tha sinn gu mòr airson cuideachadh le bhith a' stèidheachadh agus a' cumail taic do dhàimhean seasmhach, fad-ùine eadar buidhnean coimhearsnachd agus luchd-rannsachaidh agus bidh seo nas fhasa ma tha luchd-rannsachaidh a' fuireach anns na coimhearsnachdan leis a bheil iad ag obair. Ach dh'fhaodte nach gabh seo dèanamh anns gach suidheachadh, is mar sin, faodaidh luchd-rannsachaidh tighinn à nas fhaide air falbh.

### Tha mi nam neach-rannsachaidh agus tha deagh cheanglaichean agam le buidheann coimhearsnachd ach chan eil iad uile nan com-pàirtichean san rannsachadh agam. An urrainn dhomh tagradh a dhèanamh?

'S urrainn, ach feumaidh tu sealltainn gu soilleir mar a tha am pròiseact agad air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd. Tha Maoin nam Beachdan-smaoin ag amas air daoine a thoirt a-steach do rannsachadh. Cha mhaoinich i pròiseactan far a bheil daoine an sàs ann mar chom-pàirtichean rannsachaidh.

### Tha mi nam neach-rannsachaidh agus tha tòrr com-pàirtichean rannsachaidh agam. An urrainn dhomh an cleachdadh mar a' bhuidheann coimhearsnachd agam?

Is urrainn, ach feumaidh tu sealltainn gu soilleir mar a tha do phròiseact air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, agus mar a tha e ag amas air a' bhuidheann a thoirt an sàs ann an rannsachadh. Cha bu chòir dhan tabhartas dha bheil thu a' dèanamh tagradh a bhith riatanach airson rannsachadh sam bith a tha thu a' dèanamh mar-thà.

### Cò a th' anns na Co-òrdanaichean Leasachaidh?

Nuair a bha sinn a' dealbhachadh na Maoin, dh'innis daoine dhuinn gun robh iad ag iarraidh taic tron phròiseas tagraidh airson tabhartas. Tha sinn ag obair le com-pàirtichean anns gach tè de na sgìrean targaid gus dèanamh cinnteach gum bi e comasach dhan a h-uile duine ceistean fhaighneachd, agus comhairle agus cuideachadh fhaighinn bho dhaoine a tha fìor eòlach air an sgìre ionadail aca. Is iad na com-pàirtichean sin na Co-òrdanaichean Leasachaidh againn, agus faodaidh iad taic shònraichte a thabhann do dhaoine a tha airson tagradh a dhèanamh.



## An innis sibh barrachd dhomh mu na bùithtean-obrach ro-thagraidh?

Bheir na bùithtean-obrach seo barrachd fiosrachaidh dhut mun Mhaoin agus mu na seòrsaichean pròiseact a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh agus mar sin, mholamaid gu mòr gun gabh thu pàirt ann. Thèid gach bùth-obrach nàiseanta a leantainn le tè ionadail, gus an urrainn dhut beachdachadh air na tha thu air cluinntinn, coinneachadh ri daoine eile agus bruidhinn barrachd mu na beachdan-smaoin agad. Bidh na bùithtean-obrach nàiseanta a' togail air càch a chèile, ach faodaidh tu coimhead orra a-rithist ma chailleas tu tè. Chan fheum beachd làidir a bhith agad air dè seòrsa pròiseact a bhios agad gus pàirt a ghabhail annta - agus bi sinn a' toirt seachad beagan ghoireasan gus an urrainn dhut smaoineachadh mu dheidhinn às dèidh nan seiseanan.